

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Mullock, Mulag is Mulcan

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,373. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,069 corresponds to Litir 1,373. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi turas còmhla ri m' athair-chèile nach maireann ann an sgìre far an robh mèinnearachd a' dol uaireigin. Bha esan a' fuireach ann am Bhictoria ann an ceann an earra-dheas Astràilia. Bha uaireigin mèinnearachd gu leòr a' dol ann am Bhictoria – gu h-àraidh mèinnearachd òir.

Bha coltas iongantach air an dùthaich. Bha **cnapan talmhainn** air feadh an àite. Chanainn gun robh feadhainn aca cho mòr ri taigh, agus cumadh rudeigin cruinn orra. Bha feadhainn aca car biorach gu h-àrd coltach ri beinn bheag Ailpeach. Ach cha robh iad nàdarrach. Bha iad air an dèanamh le daoine.

Bha ainm aig m' athair-chèile airson na leithid – *mullock heap*. Tha sin gu math aithnichte air feadh Astràilia, co-dhiù far an robh daoine ri mèinnearachd. Sin nuair a bha iad ag obair leotha fhèin le spaid, a' cladhach tuill agus a' fàgail ùir agus clachan air aon taobh. Nuair a chuala mi an abairt sin – *mullock heap* – smaoinich mi air a' Ghàidhlig. Saoil dè an cànan às an tàinig mullock – M-U-L-L-O-C-K? Tha faclan car coltach ann an Gàidhlig, nach eil?

Tha aon fhaclair Beurla ag ràdh: *mullock* – 'Australian – waste material from a mine'. Tha am buadhair ann – *mullocky* – *resembling the waste material from a mine, worthless or useless*. Saoil, ma-thà, an e an stuth fhèin a tha *mullock* a' ciallachadh, seach na cnapan dheth?

Co-dhiù, tha na faclairean ag innse dhuinn gur ann bhon Bheurla Mheadhanaich a thàinig e a-steach do Bheurla an latha an-diugh, agus gu bheil e càirdeach don t-seann fhacal *mul* – M-U-L – a bha a' ciallachadh '*dust, mould, rubbish*'.

Ge-tà, tha fios againn gun robh gu leòr de dhaoine à Alba agus Èirinn ri mèinnearachd òir ann an Astràilia ann am meadhan an naoidheamh linn deug. Agus seo na tha sinn a' lorg ann am faclairean Gàidhlig: *mul* '*a conical heap, mound*'; *mulachan* '*small heap*'; *mulag* '*small mound, heap, pile*'.

Agus ann an Gàidhlig na h-Èireann, tha *mul*, *mulachan* agus *mulag* – no *mullóg* – ann cuideachd, leis an aon chiall 's a th' againn ann an Alba.

Mar sin, math dh'fhaodte gun robh na Sasannaich a' faicinn *mullock* – 'stuth gun fheum' – agus gun robh na h-Albannaich 's na h-Èireannaich a' faicinn *mulagan* air an dèanamh dhen stuth sin. Ach a' dol air ais fada, saoil an tàinig facal Beurla a-steach don Ghàidhlig no an deach facal Gàidhlig a-steach don Bheurla? No a bheil iad **neo-eisimeileach bho chèile**, air an toirt còmhla ann an Astràilia?

'S e a thug an gnothach seo gu m' aire gun robh mi a' leughadh an leabhair *A Hundred Years in the Highlands* le Osgood MacCoinnich. Bha Gàidhlig aig Osgood agus tha e ag innse dhuinn gum fac' e each na laighe air '*mulcan (hillock)*'. Ann an Litir ceud, caogad 's a còig (155) thug mi am facal sin dhuibh, mar eadar-theangachadh air *drumlin*.

Tha cuimhne agam air còmhraidh a bh' agam le Roy Wentworth nach maireann – sgoilear na Gàidhlig à Geàrrloch. Bha e ag innse dhomh gun robh ainm-àite air na mapaichean faisg air Beinn Eighe ceàrr. B' e sin *Maol-Cheannan*. 'S e a bu chòir a bhith air ach *Na Mulcanan*. Oir tha mulcanan an sin a chaidh fhàgail leis an deigh o chionn mìltean bhliadhnaichean. Agus nuair a tha thu a' dol nam measg, tha iad uabhasach coltach ri *mullock heaps* ann an Astràilia!

* * * * *

Faclan na Litreach: Bhictoria: *Victoria*; mèinnearachd òir: *gold mining*; nàdarrach: *natural*; buadhair: *adjective*; A' Bheurla Mheadhanach: *Middle English*; Geàrrloch: *Gairloch*.

Abairtean na Litreach: Bha mi turas còmhla ri m' athair-chèile nach maireann: *I was one time in the company of my late father-in-law*; sgìre far an robh mèinnearachd a' dol uaireigin: *an area where mining took place at one time*; bha coltas iongantach air an dùthaich: *the country looked amazing, strange*; cho mòr ri taigh, agus cumadh rudeigin cruinn orra: *as big as a house, with a somewhat round shape*; biorach gu h-àrd coltach ri beinn bheag Ailpeach: *pointed on top like a small Alpine peak*; airson na leithid: *for the like*; ag obair leotha fhèin le spaid: *working by themselves with a spade*, a' cladhach tuill agus a' fàgail ùir agus clachan air aon taobh: *digging holes and leaving earth and stones on one side*; an e an stuth fhèin a tha X a' ciallachadh, seach na cnapan dheth?: *is it the material itself that X means, rather than the lumps/hillocks of it?*; ann am meadhan an naoidheamh linn deug: *in the middle of the 19th century*; leis an aon chiall 's a th' againn ann an Alba: *with the same meaning that we have in Scotland*; air an toirt còmhla ann an Astràilia: *brought together in Australia*; gum fac' e each na laighe air: *that he saw a horse lying on*; tha mulcanan an sin a chaidh fhàgail leis an deigh o chionn mìltean bhliadhnaichean: *there are hillocks there that were left by the ice thousands of years ago*; nuair a tha thu a' dol nam measg, tha iad uabhasach coltach ri: *when you go among them, they are very like*.

Puing-chànain na Litreach: Bha **cnapan talmhainn** air feadh an àite: *there were small hills of ground throughout the place*. Talamh can be tricky to translate sometimes. It can mean 'land', 'ground' or 'earth'. The genitive form is *talmhainn*. Here are some usages: pìos mòr talmhainn 'a big piece of land'; tha an talamh cho cruaidh ris an umha 'the ground is as hard as bronze [iron]'; a bheil an talamh domhainn gu leòr airson dad a chur ann? 'is the earth deep enough to plant anything in it?'; dè air thalamh a tha sin? 'what on earth is that?'

Gnàthas-cainnt na Litreach: neo-eisimeileach bho chèile: *independent of [from] each other*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA